



## Stìuireadh air meata-sgilean tarsainn a' churraicealaim

An t-Sultain 2021

Toirt air sgilean obrachadh do  
dh'Alba

## Ro-ràdh

Tha am pàipear seo a' rannsachadh dè tha a' stiùireadh an fheum air sgilean fhighe a-steach nas èifeachdaiche tarsainn foghlam, agus a' moladh cuimseachadh air meata-sgilean gus seo a choileanadh. Tha e a' moladh modh-obrach agus a' cur an aithne acainn stiùiridh agus taic gus seo a libhrieadh ann an dòigh sheasmhach agus a ghabhas dèanamh.

Tha gabhail ri cleachdadh cunbalach air meata-sgilean a' tabhann briathrachas sgilean coitcheann do luchd-cleachdaidh, luchd-ionnsachaidh, pàrantan agus luchd-cùram, agus com-pàirtichean eile gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh le an leasachadh sgilean aithneachadh nas fheàrr agus an cur an gnìomh.

Cuidichidh acainn meata-sgilean SDS stèidheachdan le modh-obrach rianail agus adhartach a thaobh leasachadh meata-sgilean a thoirt air adhart, mar phàirt amalaichte de fhoghlam chloinne agus dhaoine òga.

## Co-theacsa foghlaim

Chan urrainn do neach sam bith obraichean an ama ri teachd ro-innse. Tha cuid de dh'aithrisean a' moladh gum bi 65% de sgoilearan làithreach P1 an sàs ann an obraichean nach eil ann am bith fhathast<sup>1</sup>. Feumaidh foghlam freagairt don seo agus daoine òga uidheamachadh leis na sgilean a tha riatanach airson soirbheachadh ann an àm teachdail a tha a' sior atharrachadh gu luath agus nach gabh ro-innse.

Tha poileasaidh is stiùireadh ann an Alba a' tuigsinn an fheum air freagairt don dùbhlan seo.

Tha leasachadh sgilean a' nochdadh mar aon de na ceithir priomhachasan anns an Fhrèam Leasachaидh Nàiseanta<sup>2</sup>.

'Feabhas ann an sgilean so-fhastachd agus cinnuidhe sheasmhach is deimhinneach do dhaoine òga uile, a' fàgail na sgoile'.

Còrr air deich bliadhna air ais, stèidhich Togail a' Churraicealaim 3<sup>3</sup> agus 4<sup>4</sup> an fheum air sgilean fhighe a-steach tro churraicealam na h-Alba. Tha an aithris ath-ùraichte air curraicealam na h-Alba<sup>5</sup> ag ath-neartachadh an riatanais airson modh-obrach òrdail agus adhartach ann an leasachadh sgilean.

'Meudachadh chothroman a tha a' leasachadh nan ceithir chomasan do luchd-ionnsachaidh, a' dèanamh cheanglaichean soilleir gu sgilean teachdail, mar eisimpleir meata-sgilean'.

'Tuigsinn an eòlais, sgilean agus feartan a dh'fheumas clann agus daoine òga a thogail gus soirbheachadh ann an saoghal a tha eadar-cheangailte, didseatach agus a' sior atharrachadh.'

**Aithris air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais ath-ùraichte, 2019**

Tha Leasachadh an Luchd-obrach Òg<sup>6</sup> agus gu h-àraig Inbhe Foghlam Dhreuchdan (3-18)<sup>7</sup> a' togail air airidheachd chloinne agus dhaoine òga air sgilean a leasachadh mar phàirt in-fhillte de am foghlam, agus a' sùileachadh do thidsearan is luchd-cleachdaidh eile an àite a choileanadh ann an seo a dhèanamh cinnteach.

O chionn ghoirid, bha aithisg OECD 'Curraicealam airson Sàr-mhathais na h-Alba: Air adhart don Àm ri Teachd'<sup>8</sup> a' toirt iomadh iomradh air cudromachd leasachaيدh sgilean taobh ri taobh le eòlas mar ro-riatanas do shoirbheachadh san àm ri teachd.

<sup>1</sup> <https://reports.weforum.org/future-of-jobs-2016/>

<sup>2</sup> <https://www.gov.scot/publications/2021-national-improvement-framework-improvement-plan/>

<sup>3</sup> <https://education.gov.scot/Documents/btc3.pdf>

<sup>4</sup> <https://www.education.gov.scot/Documents/btc4.pdf>

<sup>5</sup> <https://scotlandscurriculum.scot/>

<sup>6</sup> <https://www.gov.scot/publications/developing-young-workforce-scotlands-youth-employment-strategy/>

## Stiùireadh air meata-sgilean tarsainn a' churraicealaim

- 
- <sup>7</sup> <https://www.education.gov.scot/Documents/dyw2-career-education-standard-0915.pdf>
  - <sup>8</sup> <https://www.oecd.org/education/scotland-a-curriculum-for-excellence-bf624417-en.htm>

## Obraichean agus Sgilean san Àm ri Teachd

Ann an Alba, mar a tha air feadh an t-saoghail, tha margaiden obrach a' sìor atharrachadh nas luaithe. Is e fàs ann an am fèin-obrachas agus tuigse fhuadain, dlùth-chruinneas, atharrachadh deamografach, agus cùis-èiginn na gnàth-shìde, cuid de na feartan a tha a' stiùireadh seo.

Tha obraichean a' dol a-mach à sealladh no gan ath-chumadh<sup>9</sup>, agus obraichean ùra gan cruthachadh aig astar nach fhacas roimhe. Tha COVID-19 air a thigheann am bàrr mar phriomh chrathadh ùr air eaconamaidhean an t-saoghail.

**"Tha buairidhean teicneòlach agus sòisealach a' tighinn oirnn gu mòr agus gu luath. Ged nach urrainn dhuinn an t-àm ri teachd ro-innse, faodaidh sinn ullachadh airson àm teachdail a tha a' sìor fhàs doirbh a thomhas ro-làimh. Tha cuimse air sgilean agus calpa daonna a' toirt dhuinn bunait làidir air am faodar eaconamaidh sheasmhach agus in-ghabhalach a thogail. Tha feum aig saoranaich na h-Alba air sgilean, chan ann a-mhàin airson dèiligeadh ris an atharrachadh ach soirbheachadh air, agus a bharrachd air sin a bhith comasach air brath a ghabhail air ùrachd agus atharrachadh a chruthachadh dhaibh fhèin."**

**Sgilean 4.0 – Modal sgilean gus àm teachdail na h-Alba a stiùireadh, 2018.**

---

Tha Plana Gniomha Sgilean Teachdail na h-Alba<sup>10</sup> a' tuigsinn feum na h-Alba air siostam sgilean a tha sùbailte agus ag atharrachadh a rèir gnè-fhàs luath na margaid obrach.

Is e an riatanas a-nis, clann agus daoine òga a dhèanamh mothachail don adhbhar a tha leasachadh sgilean feumail mu choinneamh an ama theachdail aca fhèin agus Alba, agus cothrom a bhith aca na sgilean sin a chomharrachadh, a dheasbad agus a phròfileadh.

### Meata-sgilean

Tha meata-sgilean nan sgilean gnèitheach, neo-thimeil, agus àrd-ireil a tha a' cruthachadh luchd-ionnsachaidh a tha comasach air atharrachadh; comasach air soirbheachadh a dh'aindeoin dè thachras.

Bho àm breith, tha clann a' cleachdadh agus a' leasachadh meata-sgilean agus iad a' deuchainneadh agus a' rannsachadh an t-saoghail mun cuairt orra. Tha iad a' toirt dhuinn nam freagairtean gu sgilean eile gluasadach agus teicnigeach a thogail.

Mar a bhios clann agus daoine òga ag adhartachadh tro am foghlam, tha e deatamach gum bi luchd-cleachdaidh ag àrach agus a' leasachadh am meata-sgilean gus an urrainn dhaibh a dhol tro shaoghal a tha a' sìor fhàs toinnte agus do-dhèante a ro-innse.

Bu chòir don àrainneachd ionnsachaidh meata-sgilean a dhèanamh gu sònraichte faicsinneach don luchd-ionnsachaidh uile agus cothroman a chruthachadh dhaibh gu an leasachadh sgilean athneachadh, a thuigsinn, a labhairt agus a chlàradh.

---

**"Tha am pròiseas an lùib ar comais chorporra is inntinn a leudachadh seachad air ar cuibhreachaidhean làithreach, an urra ri ar comas air ionnsachadh, cruthachadh agus co-obrachadh. Tha ionnsachadh a' fosgladh a' chomais air sgilean a thogail a dh'haodas a bhith riatanach an àite sam bith ..."**

**An Dr Melis Senova, Meata-Sgilean nan iuchair gu Comas Daonna, 2020.**

---

<sup>9</sup> [http://www3.weforum.org/docs/WEF\\_Future\\_of\\_Jobs\\_2018.pdf](http://www3.weforum.org/docs/WEF_Future_of_Jobs_2018.pdf)

<sup>10</sup> <https://www.gov.scot/publications/scotlands-future-skills-action-plan/pages/12/>

## Sgilean 4.0

Tha acainn meata-sgilean SDS a' togail air a' phàipear nas tràithe 'Sgilean 4.0 – Modal Sgilean a Stiùireas Alba san Èm ri Teachd'<sup>11</sup>. Tha am modal Sgilean 4.0 a' moladh 12 meata-sgilean air an eagrachadh fo thri cuspairean.

**Fèin-Stiùireadh: Dèiligeadh ri An-dràsta –**  
Dèiligeadh ri atharrachadh leantainneach gus taic a chur ri sunnd, fàs, gnìomhadh agus cinneasachd.

**Inntinn Shòisealta: Ceangail ris an t-Saoghal –**  
Ceangal agus co-obrachadh le càch gus stiùireadh gu h-èifeachdach agus dèiligeadh ri dàimhean toinnte sòisealta agus àrainneachdan.

**Ùr-ghnàthachadh: Cruthaich ar n-atharrachadh fhìn** – Mineachadh agus cruthachadh atharrachadh deimhinneach sònraichte.

Tha mòran mhodalan sgilean eile bho raon fharsaing de thùsan Deloitte<sup>12</sup>, Ernst Young<sup>13</sup> agus Fòram Eaconamach na Cruinne.<sup>14</sup>

Tha gach aon a' cleachdadh an cuid fhèin, glè thric cànan sgilean gu sèimhidh diofraichte, ach 's e a tha soilleir gu bheil na modalan sin uile a' toirt iomradh air na tèaman bunaiteach cheudna mar na sgilean a tha deatamach don àm ri teachd.

An comas air fèin-stiùireadh, dàimhean toinnte a thogail agus a chumail suas agus a bhith cruthachail ann an comharrachadh, mion-sgrùdadh agus fuasgladh cheistean.

Cha bu chòir a bhith a' beachdachadh air gach aon mheata-sgil leis fhèin. Tha na mòran eadar-eisimeileachdan eatarra a' ciallachadh gu bheil gach aon a' cur taic ri



leasachadh agus a' tarraing air gnìomhadh chàich tarsainn a' mhodail.

Mar eisimpleir, feumaidh gach neach fa leth comas air cuimseachadh air dùbhlan a cheadaicheas cruthachalachd agus ùr-ghnàthachadh ann an lorg fhuasglaidhean.

Feumaidh iad an uair sin fèin-iomairt gus am beachdan a thionndadh gu fiorachas. Tha bun-bheachdan leithid tuigse fhaireachail, iomairt agus misneachd uile air an togail bho mheata-sgilean bunaiteach.

## Sgilean 4.0 Modal Sgilean gus Alba a Stiùireadh air Adhart

### Ùr-ghnàthachadh



<sup>11</sup> [https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/44684/\\_skills-40\\_a-skills-model.pdf](https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/44684/_skills-40_a-skills-model.pdf)

<sup>12</sup> [https://www2.deloitte.com/content/dam/insights/us/articles/6332\\_From-skills-to-capabilities/6332\\_Skills-change-capabilities-endure.pdf](https://www2.deloitte.com/content/dam/insights/us/articles/6332_From-skills-to-capabilities/6332_Skills-change-capabilities-endure.pdf)

<sup>13</sup> <https://fscareers.ey.com/students/bring-yourself/what-are-the-future-skills-and-how-can-you-improve-them/>

<sup>14</sup> [http://www3.weforum.org/docs/WEF\\_Future\\_of\\_Jobs\\_2020.pdf](http://www3.weforum.org/docs/WEF_Future_of_Jobs_2020.pdf)

## Leasachadh Modh-obrach Sgilean

An dèidh beachdachadh air cudromachd leasachadh air mheata-sgilean, is e an ath cheum beachdachadh air mar a ghbhas seo a chur an gnìomh. Tha ceannardas na phìomh fheart ann an gabhail gu soirbheachail ri agus cleachdadhe air frèam-obrach sgilean coitcheann ann an sgoil no colaiste.

### 1. Cuir romhad

- Tog cùis an adhbhair gu bheil feum air frèam-obrach sgilean – dè na buannachdan a th' ann do luchd-ionnsachaidh?
- Feumaidh luchd-cleachdaidh an àite fhèin a thuigsinn ann an seo, gus an urrainn dhaibh taic a chur ri cànan coitcheann do sgilean, agus a bhith dealasach a thaobh cleachdadhe air frèam-obrach sgilean.
- Tha e deatamach dreuchdan agus dleastanasan nan àrd-mhanaidsearan is luchd-obrach aoghaireil a chomharrachadh, a thuilleadh air luchd-cleachdaidh sa phòiseas seo.
- Dèan nithean ann an dòigh eadar-dhealaichte agus dèan diofar nithean. Dèilig ris an aon ionnsachadh phlanaichte ann an dòigh eile gus sgilean làimhseachail agus brigheil fhighe a-steach.
- Thoir am frèam-obrach sgilean do phàrtaidhean eile le ùidh, a' gabhail a-steach com-pàrtichean, fastaichean, agus luchd-cùram is luchd-ionnsachaidh. Le bhith a' gabhail ris an aon chànan meata-sgilean, bidh tuigse luchd-ionnsachaidh do na sgilean bunaiteach air a neartachadh.

### 2. Figh a-steach

- Leasaich agus builich pròiseas gus fighe a-steach sgilean a chumail suas tarsainn a' churraicealam.
- Comharrach sgilean aig àm planaidh is ionnsachaidh, agus gabh iad a-steach do shlathan-tomhais rùintean ionnsachaidh is soirbheachaidh.
- Ceadaich ùine do luchd-ionnsachaidh smaoineachadh agus meòrachadh air na sgilean a tha iad a' cleachdadhe. Le bhith a' deasbad sgilean san dòigh seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh nan sgilean a tha iad a' cleachdadhe, agus bi mothachail do cho math 's a tha iad gan cleachdadhe.
- Thoir cothroman do roinnean agus luchd-cleachdaidh air fiosrachadh a thoirt air ais mu chleachdadhe stuthan agus roinn deagh chleachdadhe gus dèanamh cinnteach à cunbalachd.
- Bu chòir don mhodh-obrach a bhith air a leasachadh le aon no barrachd den luchd-cleachdaidh, agus cuir taic ri faireachdann de sheilbheachd le luchd-obrach uile.
- Feumaidh cothroman a bhith aig luchd-ionnsachaidh na sgilean a leasaich iad ann an gniomhachdan taobh a-muigh a' churraicealaim, a roinn.

### 2. Prìomh-shruth

- Ath-sgrùd cleachdadhe èifeachdach air an fhòram-obrach sgilean agus na h-innealan/goireasan a thathar a' cleachdadhe mar phàirt de ionnsachadh is teagasc làitheil.
- Faodaidh deasbadan mu sgilean a bhith air am fighe gu nàdarra tarsainn a' churraicealaim. A' togail cheanglaichean le gniomhadh sgilean taobh a-staigh foghlam foirmeil agus air a thaobh a-muigh.
- Tòisich tràth agus figh a-steach air fad turais neach-ionnsachaidh bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil agus air adhart gu tuilleadh ionnsachaidh agus às a dhèidh.
- Bu chòir do sgoiltean agus colaistean obrachadh còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil frèam-obrach sgilean coitcheann ga cleachdadhe tro thuras an neach-ionnsachaidh bho bhun-sgoil troimhe gu àrd-sgoil gu colaiste agus às a dhèidh.

## Acainn meata-sgilean SDS

Tha an acainn seo air a leasachadh tro chonaltradh le luchd-oideachaidh agus compàrtichean eile gus sreath de goireasan a chruthachadh, a bhios a' cur taic ri luchd-cleachdaidh a' fighe a-steach mheata-sgilean ann an dòigh làimhseachail agus sheasmhach.

Chan eil am modh-obrach seo àithnteach agus tha an acainn ga solarachadh mar goireas dhaibhsan a tha ag iarraidh taic, a tha a' strì ri ùine no beachdan, no a tha a' coimhead airson beagan brosnachaidh is stiùridh fhad 's a tha iad a' leasachadh am modh-obrach fhèin a thaobh fighe a-steach mheata-sgilean.

Lorgar an acainn [an seo](#).

**Tha an acainn a' cumail àireamh de goireasan a thèid cur-ris thar ùine. Tha goireasan air an seòrsachadh fo na raointean a leanas.**



### Stiùireadh agus Taic

Goireasan a tha a' mìneachadh nan stiùridhean air cùlaibh na h-acainn mheata-sgilean, agus a' toirt stiùireadh air mar a leasaichear am modh-obrach seo.



### Frèam-obrach Adhartais

Eisimpleirean de mar a ghabhas meata-sgilean a bhith air an leasachadh tro ìrean CfE, bho thràth-bhliadhnaichean gu an ìre as àirde.



### Ionnsachadh Proifeiseanta

Goireasan airson taic a chur ri luchd-cleachdaidh a thaobh an tuigse agus an gnìomhadh.



### Planaichean Leasanan

Planaichean leasanan le duilleagan-obrach taic agus taisbeanaidhean a tha a' cur taic ri leasachadh sgilean.



### Innealan Ionnsachaidh

Innealan a bheir taic do sgoilearan gu meòrachadh air am meata-sgilean agus na sgilean a chomharrachadh air an cuimsich iad airson an leasachadh.



### Toiseach agus Deireadh Leasan

Slaighdean a ghabhas an cur an gnìomh le luchd-cleachdaidh gus taic a chur ri faicsinneachd agus deasbad air meata-sgilean aig toiseach/deireadh leasanan.



### Cur a-steach do Leasanan

Gníomhachdan 'beaga' agus bhidothan a dh'fhaodas an taisbeanadh le luchd-cleachdaidh, airson barrachd leasachaidh agus co-theacsadh air meata-sgilean.



### Goireasan Eile

Goireasan a bharrachd mar thaic do thugse agus com-pàirt neach-cleachdaidh / sgoileir.